

SCREEN SCOTLAND  
SGRÌN ALBA

# Crannchur Nàiseanta Maoin Fèis Film & Prògram Sgrionaidh

Stiùireadh airson Iarrtasan  
2024/25

A' TOIRT SEACHAD MAOIN BHO  
AWARDING FUNDS FROM  
**THE NATIONAL LOTTERY®**



ALBA | CHRUTHACHAIL

# Clàr-innse

Mu Sgrìn Alba .....	3
Dè a th' ann am Maoin Fèis Film agus Prògram Sgrionaidh a' Chrannchuir Nàiseanta? Geàrr-Chunntas .....	3
Cruthan is Cànanan Eile agus Taic Ruigsinneachd .....	4
Fios a chur dhan Sgioba Ceist againn .....	4
Prìomhachasan Leasachadh Luchd-amhairc Sgrìn Alba .....	5
<b>Maoin Fèis Film agus Prògram Sgrionaidh a' Chrannchuir Nàiseanta</b> .....	<b>5</b>
Ro-ràdh .....	5
Cò dha tha a' mhaoin seo? .....	6
Dè tha ùr airson 2024/25? .....	6
Raointean fòcas ann an 2024/2025 .....	6
Tàlant .....	7
Luchd-amhairc .....	7
Cò a dh'fhaodas iarrtas a dhèanamh? .....	8
Cò nach fhaod iarrtas a dhèanamh? .....	8
A bheil a' mhaoin seo ceart dhuibh? .....	9
A' Cur Iarrtas a-steach Airson Maoin Fèis Film & Prògram Sgrionaidh .....	10
Dè an dèanadas agus na cosgaiseanris an cur a' mhaoin taic? .....	10
Dè na slatan-tomhais a chleachdas sinn gus an iarrtas agaibh a mheasadh? .....	12
Cia mheud a dh'fhaodas mi iarraidh? .....	17
Cuin a nì mi iarrtas? .....	18
Dè am fiosrachadh a dh'fheumas sibh a thoirt seachad san iarrtas agaibh? .....	19
Inbhean Iomadachd BFI - Sgeama Pileatach Sgrìn Alba .....	20
Buidhnean le dìth riochdachaidh .....	20
Saorsa Fiosrachaidh .....	24
Gearanan .....	24
Dion Dàta .....	24
Riaghladh Thabhartasan .....	25

# Mu Sgrìn Alba

---

Tha Sgrìn Alba a' stiùireadh leasachadh air gach taobh de ghniomhachas film is TBh na h-Alba, tro mhaoineachadh agus taic ro-innleachdail.

Tha Sgrìn Alba na phàirt de dh'Alba Chruthachail agus bidh e a' libhrigeadh nan seirbheisean agus an taic sin le maoinachadh bho Riaghaltas na h-Alba agus An Crannchur Nàiseanta.

Tha sinn a' maoinachadh, a' leasachadh agus a' leudachadh roinn sgrìn na h-Alba le bhith:

- **a' meudachadh na thathas a' dèanamh** le àrdachadh a thoirt air maoinachadh is taic gus am fàs prògraman film is telebhisean à Alba a thaobh an dà chuid àireamh agus iomadachd
- a' cruthachadh **solarachadh leasachadh gnìomhachais** do ghniomhasan sgrìn, is a' dèanamh cinnteach gu bheil comhairle is taic freagarrach is furasta ruighinn orra.
- **a' toirt feabhas air cothroman cosnaidh** san roinn tro chothroman co-òrdanaichte a bharrachd airson trèanadh is leasachadh.
- **a' leasachadh slughan-amhairc** le cothrom nas fheàrr air prògraman telebhisean is filmichean san dùthaich is gu h-eadar-nàiseanta.
- a' toirt fàs is feabhas air **bun-structar sgrìn na h-Alba**, goireasan stiùidio na lùib.
- **a' leasachadh ainm na h-Alba** mar ionad do dhèanadas is co-riochdachadh eadar-nàiseanta, le taic bhon t-sàr-tàlant, sgiobaidhean, goireasan, is na làraichean air leth againn.

## Dè a th' ann am Maoin Fèis Film agus Prògram Sgrionaidh a' Chrannchuir Nàiseanta? Geàrr-Chunntas

---

- Is e maoin a th' ann a bheir taic do bhuidhnean a tha a' coimhead ri fèisean film agus prògraman sgrionaidh a thoirt gu buil agus a libhrigeadh a tha fosgailte don phoball.
- Tha i seo fosgailte do bhuidhnean ùra is a tha ann mar-thà a tha stèidhichte ann an Alba agus a chumas fèisean film agus/no a nochdas nithean sgrìn do luchd-amhairc ann an Alba.
- Faodaidh fèisean agus prògraman sgrionaidh a tha a' gabhail àite gu tur ro 31 Lùnastal 2025 iarrtas a chur a-steach.
- Bidh duaisean eadar £10,000 agus £40,000 sa bhliadhna.
- Thathas a' gabhail ri iarrtasan air stèidh leantainneach, le **cinn-latha suidhichte** a rèir cuin a bhios ur gnìomhachd a' tachairt.
- Bidh a' mhaoin a' dùnadh aig meadhan oidhche air 13 Faoilleach 2025, no nuair a bhios am buidseat air a riarachadh gu h-iomlan.

# Cruthan is Cànanan Eile agus Taic Ruigsinneachd

---

Tha rùn aig Screen Scotland pròiseasan iarrtais soilleir agus ruigsinneach a thabhann a tha fosgailte don h-uile duine. Tha iomadh dòigh againn taic a thoirt dhuibh is sibh a' dèanamh iarrtas.

## Cruthan agus Cànanan Eile

Tha na stuthan foillsichte againn, a' gabhail a-steach stiùireadh maoineachaidh agus foirmean iarrtais, air an toirt seachad ann an cruthan agus cànanan eile. Ma thèid an iarraidh, faodaidh iad a bhith rim faighinn ann an cruthan eile, mar a tha dhith.

Gabhaidh sinn ri iarrtasan agus stuthan-taice a tha air an sgrìobhadh ann am Beurla, Gàidhlig no Albais.

## Taic Ruigsinneachd

Bidh taic ruigsinneachd a' cuideachadh le cosgaisean airson seirbheisean gus tagraichean a chuideachadh gus faighinn seachad air cnapan-starra le bhith a' cur a-steach airson na maoin againn.

Bidh sinn a' tabhann taic ruigsinneachd do dhaoine fa-leth no prìomh thagraiche buidheann ma tha iad gam faicinn fhèin mar B/bodhar, maol sa chlaisneachd, ciorramach no mar dhaoine aig a bheil tinneas leantainneach, tinneas inntinn no iomasgarachd-niùro, leithid dyslexia, òtasam, ADHD.

Rachaibh dhan làrach-lìn againn gus barrachd ionnsachadh mu na seòrsaichean taic a dh'iarras sibh, ciamar agus cuin a dh'iarras sibh taic agus, mar a dh'iarras sibh cosgaisean ruigsinneachd mar phàirt den iarrtas maoineachaidh agaibh: [Taig Ruigsinneachd | Alba Chruthachail](#)

Ma tha sibh B/bodhar agus nur cleachdaiche BSL, faodar cothrom fhaighinn air ar seirbheisean tron phrògram Contact Scotland-BSL. Rachaibh gu: [www.contactscotland-bsl.org](http://www.contactscotland-bsl.org) airson barrachd fiosrachaidh.

# Fios a chur dhan Sgioba Ceist againn

---

Ma tha feum agaibh air taic theicnigeach, tuilleadh fiosrachaidh no ma tha ceistean sam bith eile agaibh, cuiribh fios chun t-Seirbheis Cheistean againn air post-d, làrach-lìn no meadhanan sòisealta.

**Post-d:** [enquiries@creativescotland.com](mailto:enquiries@creativescotland.com)

**Làrach-lìn: Lìonaibh foirm:** [Lìonaibh foirm air an làrach-lìn againn](#)

**Meadhanan sòisealta:** Cuiribh teachdaireachd [thugainn air X](#)

Tha sinn ag amas air a h-uile ceist a fhreagairt gu sgiobalta. Ma tha sibh ag iarraidh oirnn fònadh air ais thugaibh, thoiribh dhuinn ur n-àireamh is thig sinn air ais thugaibh cho luath is a ghabhas.

# Prìomhachasan Leasachadh Luchd-amhairc Sgrìn Alba

---

- Tha cultar sgrìn eadar-mheasgte aig Alba, a' taisbeanadh na filmichean co-aimsireil agus dualchais as fheàrr bho Alba agus air feadh an t-saoghail, a' togail guthan ùra no nach cluinnear.
- Tha cothrom aig coimhearsnachdan air feadh na h-Alba air àiteachan co-roinnte le cothroman brioghmhor, buntainneach agus tlachdmhor a dhol an sàs ann an cultar sgrìn.
- Tha ionadan, fèisean agus àrd-ùrlaran na h-Alba seasmhach - gu h-ionmhasail agus a thaobh na h-àrainneachd - agus tha iad nan àiteachan math airson tadhal orra agus obair annta.

Tha sinn ag obair taobh a-staigh Slatan-tomhais Maoineachaidh Alba Chruthachail, is iad sin Càileachd agus Miann-adhartais, Com-pàirteachadh, Co-ionannachdan, Iomadachd agus In-ghabhail (EDI), Seasmhachd Àrainneachdail, Obair Chothromach agus Eadar-nàiseanta.

Faodaidh sibh barrachd a leughadh mun deidhinn air làrach-lìn Alba Chruthachail: [Funding Criteria | Creative Scotland](#).

## Maoin Fèis Film agus Prògram Sgrionaidh a' Chrannchuir Nàiseanta

### Ro-ràdh

---

Faodaidh fèisean film agus prògraman sgrionaidh solas a chuir air sreathan taigh-dhealbh nach eil air an riochdachadh gu leòr, àiteachan sàbhailte a sholarachadh do luchd-amhairc gus tèamaichean agus cuspairean a sgrùdadh còmhla, agus a bhith nan guir airson luchd-dèanamh fhilmichean, glèidheadairean agus tàlant taisbeanaidh film eile. Bu chòir do thachartasan daoine a thoirt còmhla le faireachdainn de dhùil agus de thoileachas. Tha roinn taisbeanaidh film eadar-mheasgte deatamach airson deuchainneachd agus riochdachadh a bhrosnachadh.

Tha Alba an-dràsta na dachaigh do raon farsaing de thaisbeanaidhean film a' còmhach raon farsaing de chuspairean, gnèithean, agus choimhearsnachdan. Bidh a' ghnìomhachd seo a' tàladh luchd-amhairc dìleas agus tha iad air a bhith cunbhalach taobh a-staigh a' mhìosachain chultarail. Tha gnìomhachdan ùra cuideachd a' ruighinn agus a' riochdachadh coimhearsnachdan aig nach robh mòran cothroman a bhith an lùib cultar film gu ruige seo.

Tha Sgrìn Alba a' cur luach is a' cumail taic ris an fharsaingeachd seo de thaisbeanadh film agus ris an fheadhainn a tha ag obair anns an roinn air feadh Alba.

## Cò dha tha a' mhaoin seo?

---

Bheir a' mhaoin seo taic do bhuidhnean a tha a' coimhead ri fèisean film agus prògraman sgrionaidh a dhèanamh ann an Alba airson luchd-amhairc poblach.

Bu chòir do ghnìomhachdan a tha a' faighinn taic bhon mhaoin àrdachadh a thoirt air ruigsinneachd, buaidh agus iomadachd taisbeanaidhean film agus tachartasan do choimhearsnachdan air feadh na h-Alba agus coinneachadh ri [prìomhachasan Leasachadh Luchd-amhairc Sgrìn Alba](#).

Bu chòir do ghnìomhachd cuideachd conaltradh àrdachadh taobh a-staigh buidhnean luchd-amhairc [nach eil air an riochdachadh gu leòr ann an luchd-amhairc taigh-dhealbh](#) an-dràsta.

Ged a tha a' mhaoin seo gu sònraichte airson tachartasan pearsanta, aithnichidh sinn cuideachd gu bheil earrainn den obair a' gabhail àite tro shlighean digiteach nuair as e seo an dòigh as fheàrr ruighinn air cuid de na sluaghan-amhairc a tha an lùib prìomhachasan na maoin.

## Dè tha ùr airson 2024/25?

---

- Bheir a' mhaoin taic do ghnìomhachd suas gu **31 Lùnastal 2025**.
- Bidh duaisean eadar **£10,000 - £40,000**.
- Tha cinn-latha tagraidh agus amannan giollachd air atharrachadh agus [tha cinn-latha suidhichte airson tagradh](#), a' toirt cothrom do Sgrìn Alba sealladh farsaing nas soilleire fhaighinn air pasgan phròiseactan maoinichte agus leigeil leinn barrachd soilleireachd a thabhann a thaobh raointean-ama co-dhùnaidh.
- Tha sinn a' leantainn air adhart leis an sgeama pileat air [Inbhean Iomadachd BFI - Sgrìn Alba](#) agus feumaidh a h-uile tagraiche don mhaoin seo dearbhadh gu bheil iad air iarrtas a chuir a-steach airson seo mus cuir iad a-steach thugainn.
- Chan eil roghainn maoineachaidh 2-bliadhna ann tuilleadh mar a bha ann an 2023/2024.
- Tha [tàlant ùr againn agus raointean fòcas luchd-amhairc](#) air am bi sinn a' toirt prìomhachas nuair a bhios sinn a' dèanamh cho-dhùnaidhean maoineachaidh.

## Raointean fòcas ann an 2024/2025

---

Taobh a-staigh na h-Alba tha buidhnean cudromach de dhaoine aig a bheil feart dìonta agus nach eil air an riochdachadh gu leòr nar gnìomhachas film, mar luchd-obrach agus mar luchd-amhairc - tro na raointean fòcas sin tha sinn an dòchas dèiligeadh ri cuid de na cùisean sin.

Gabhaidh sinn ri tagraidhean a choinnicheas ri slatan-tomhais na maoin ann an dòighean eile, ach nach eil a' dèiligeadh ri raointean fòcas 2024/2025. Ach, bheir sinn prìomhachas do phròiseactan a chuidicheas le bhith a' dèiligeadh ris na beàrnan sin ann an tàlant agus/no luchd-amhairc mar an làn adhbhar, no mar phàirt den ghnìomhachd aca.

# Tàlant

---

heir a' mhaoin prìomhachas do phròiseactan a tha air an stiùireadh le glèidheadairean agus riochdairean a tha bhon Mhòr-chuid Chruinneil, agus/ no bho mhion-bhuidhnean neo fèin-aithne air an iomall ann an Alba.

Bheir sinn cuideachd prìomhachas do phròiseactan nach eil air an stiùireadh le daoine a tha a' comharrachadh nam mìneachaidhean sin, ach a bheir cothroman leasachaidh cudromach do dhaoine a nì sin.

Ann an 2024/2025 tha seo a' gabhail a-steach, ach chan eil e cuingealaichte ri, glèidheadairean no riochdairean a' comharrachadh mar:

- Mòr-chuid Cruinneil agus buidhnean mion-chinnidh ann an Alba, a' gabhail a-steach buidhnean Pòlach/dualchais Pòlach agus le fòcas sònraichte air buidhnean Àisianach a Deas / dualchais Àisianach a Deas.
- Bho chùl-raointean sòisio-eaconamach nach eil air an riochdachadh gu leòr ann an gnìomhachas nam filmichean.
- b/Bodhar.
- Le ciorram.

Tha sinn cuideachd airson taic a thoirt do chothroman cosnaidh ann an roinn Sgrìn taobh a-muigh Meadhan na h-Alba.

# Luchd-amhairc

---

Tha ar fòcas ann an 2024/2025 air taic a thoirt do ghnìomhachd airson an luchd-amhairc a leanas:

- Luchd-amhairc òga (clann agus daoine òga suas gu aois 25).
- Luchd-amhairc aig a bheil suidheachadh cruinn-eòlasach a' lùghdachadh chothroman a dhol gu gnìomhachd cultarach (m.e. a tha a' fuireach ann an sgìrean dùthchail, eileanan, no sgìrean le ìrean àrda de bhochdainn sòisio-eaconamach).
- Luchd-amhairc a tha a' tighinn tarsainn air bacaidhean eile air com-pàirteachadh air sgàth dhùbhlain sòisio-eaconamach.
- Mòr-chuid Cruinneil agus luchd-amhairc mion-chinnidh ann an Alba, a' gabhail a-steach luchd-amhairc Pòlach/dualchais Pòlach agus le fòcas sònraichte air luchd-amhairc Àisianach a Deas / dualchais Àisianach a Deas.
- Luchd-amhairc b/Bodhar
- Luchd-amhairc le ciorram

Gheibhear barrachd mion-fhiosrachaidh mun fheum air raointean fòcas na bliadhna-sa anns [an roinn 'buidhnean gun riochdachadh iomchaidh' againn](#).

## Cò a dh'fhaodas iarrtas a dhèanamh?

---

Tha a' mhaoin seo fosgailte do bhuidhnean ùra is a tha ann mar-thà a tha stèidhichte ann an Alba agus a chumas fèisean film agus/no a nochdas nithean sgrìn do luchd-amhairc ann an Alba a tha a' coinneachadh ri amasan agus slatan-tomhais na maoin seo.

Feumaidh gach sgrineadh làthaireil agus pearsanta agus dèanadas a gheibh taic dìreach bhon mhaoin a shealltainn do luchd-amhairc ann an Alba. Chan eil an cuingeachadh seo a' buntainn ma tha gnìomhachd didseatach a' nochdadh mar phàirt de na planaichean agaibh, ach bu chòir do luchd-amhairc Albannach a bhith mar phrìomh fhòcas.

Mholamaid do dh'fhèisean no luchd-taisbeanadh ùra, agus buidhnean nach eil ri taisbeanadh film an-dràsta ach a tha a' beachdachadh air fèis film no prògram sgrìnidh a chumail, a thighinn a bhruidhinn rinn gus bruidhinn mun phròiseict ro iarrtas gus an urrainn dhuinn cuideachadh leis a' phròiseas.

Ma tha sibh airson bruidhinn air am biodh e iomchaidh dhuibh tagradh, cuiribh fios dhan Sgioba Ceist: [enquiries@creativescotland.com](mailto:enquiries@creativescotland.com)

**Chan fhaod ach fèisean agus prògraman sgrìonaidh a tha a' gabhail àite gu tur ro 31 Lùnastal 2025 iarrtas a chur a-steach.**

## Cò nach fhaod iarrtas a dhèanamh?

---

- Daoine fa leth
- Taighean-cluiche
- Daoine is buidhnean gun stèidh fhoirmeil.
- Clubaichean film a tha a' dèanamh iarrtas airson a' phrògram àbhaisteach aca
- Chan fhaod Buidhnean Maoinichte gu Cunbhalach (RFOs) le Alba Chruthachail tagradh a dhèanamh mar phrìomh thagraiche, ach faodaidh iad a bhith nan com-pàirtichean ann am pròiseactan eile. Cha bu chòir RFOs a bhith nam prìomh luchd-tairbhe air an ionmhas no a' phrìomh àite a bhith aca. Mas sibh RFO le pròiseict a fhreagras air amasan na maoin seo agus sibh ag iarraidh bruidhinn air, cuiribh fios Sgrìn Alba aig: [screen@creativescotland.com](mailto:screen@creativescotland.com).
- Buidhnean nach eil stèidhichte ann an Alba. Ma tha sibh stèidhichte taobh a-muigh Alba agus sibh airson a bhith ri obair ann an Alba, iarraidh sinne oirbh a bhith ag obair còmhla ri com-pàirtiche ann an Alba agus gur h-iad a bhios anns a' phrìomh àite san iarrtas.
- Dèanadas a chuimsicheas air na leanas mar phrìomh amas:
  - dèanamh fhilmichean no far a bheil luchd-dèanamh fhilmichean am prìomh luchd-amhairc
  - leasachadh tàlant gnìomhachas film
  - le fòcas air foghlam agus/no a' gabhail àite mar phàirt de phrògram sgoile.

**Thoir an aire, mas e gin dhiubh gu h-àrd prìomh fhòcas na gnìomhachd agaibh, nach cuir sibh post-d chun Sgioba Ceist a bheir tuilleadh comhairle dhuibh no a cheanglas sibh ris an roinn iomchaidh aig Sgrìn Alba.**



- Buidhnean gun chunntas-banca san RA.
- Buidhnean/gnìomhachasan ann an rianachd, an làmhan luchd-trusaidh nam fiach no air a dhol fodha
- Buidhnean a tha a' faighinn Maoineachadh Leudaichte Fèisean Film & Prògram Sgrionaidh a chaidh a thabhann ann an 2023/24.

Ma shoirbhicheas leibh, às deidh dhuibh tagradh a dhèanamh airson a' mhaoin seo, ann a bhith a' faighinn Maoineachadh Ioma-bliadhna aig Alba Chruthachail, agus gu bheil gnìomhachd a' faighinn taic bhon mhaoin againn às deidh 1 Giblean 2025, cuiridh sinn fios thugaibh gus beachdachadh air dè bhios seo a' ciallachadh do na duaisean agaibh.

## A bheil a' mhaoin seo ceart dhuibh?

---

Feumaidh fèisean sealltainn gu bheil am fiosrachadh agus an t-eòlas riatanach aca gus cur a-steach gu Maoin Fèis Film agus Prògram Sgrionaidh.

Thathas a' moladh fèisean ùra, gun eòlas air gnìomhachd leis an luchd-amhairc targaid aca agus/no air an eagrachadh le sgioba nach eil a' toirt a-steach neach (daoine) le eòlas air riaghladh fèisean, slighean maoineachaidh eile a sgrùdadh gus an eòlas seo fhaighinn, mus cuir iad a-steach airson na maoine seo.

Tha sinn toilichte ge-tà beachdachadh air tagraidhean bhon fheadhainn aig a bheil eòlas so-ghluasadach m.e. riaghladh seòrsaichean eile de fhèisean coimhearsnachd. Chan urrainn dha taighean-dhealbh, ionadan a gus clubaichean film cur a-steach don mhaoin seo, ged a dh'fhaodar an toirt a-steach mar chom-pàirtiche san tagradh.

Tha Sgrìn Alba a' toirt taic do [Film Hub Scotland](#) agus [Regional Screen Scotland](#) gus comhairle agus maoineachadh a thoirt don roinn taisbeanaidh film (a' gabhail a-steach taighean-dealbh, ionadan, clubaichean film agus RFO on Alba Chruthachail). Tha Film Hub Scotland air a mhaoineachadh le Sgrìn Alba agus a' tabhann maoineachadh airson tachartasan a' gabhail a-steach a' mhaoin Taisbeanaidh Film aca le duaisean suas ri £10,000. Airson taic agus goireasan do chomainn taigh-dhealbh agus film coimhearsnachd, rachaibh gu [Cinema for All](#).

Gheibh sibh barrachd fiosrachaidh mu na cothroman sin agus cothroman eile airson gnìomhachd taisbeanaidh film a mhaoineachadh agus a leasachadh [air an làrach-lìn againn](#).

Mura h-eil sibh cinnteach agus ma tha sibh airson bruidhinn mu ion-roghnachd, no airson tuilleadh deasbaireachd a dhèanamh air a' phròiseact agaibh, cuir fios chun Sgioba Ceist.

# A' Cur Iarrtas a-steach Airson Maoin Fèis Film & Prògram Sgrionaidh

---

**Mus cuir iad a-steach, feumaidh a h-uile tagraiche dèanamh cinnteach gu bheil iad air na stiùiridhean maoin seo agus am foirm iarrtais a leughadh gu h-iomlan.**

Dèanaibh cinnteach gu bheil sibh air am fiosrachadh a leughadh air [cò as urrainn agus nach urrainn cur a-steach](#) don mhaoin seo agus gun tug sibh iomradh air [cinn-latha na maoin](#) a' dèanamh cinnteach gu bheil sibh fhèin agus ur pròiseact ion-roghnach mus tòisich sibh air iarrtas.

Tha sinn a' moladh gu làidir do thagraichean ùra bruidhinn ri Sgioba Leasachaidh Luchd-amais Sgrìn Alba mus cuir iad a-steach airson bruidhinn mun phròiseact agaibh agus airson taic leis a' phròiseas iarrtais.

Gus coinneamh iarraidh, cuiribh post-d dhan Sgioba Ceist: [enquiries@creativescotland.com](mailto:enquiries@creativescotland.com).

Feumar iarrtasan airson na maoin seo a chur a-steach tro Fhoirm Iarrais Maoin Fèis Film & Prògram Sgrionaidh, a tha ri fhaotainn air làrach-lìn Screen Scotland: [Maoin Fèis Film & Prògram Sgrionaidh | Sgrìn Alba](#).

Dèanaibh cinnteach gu bheil sibh air am foirm iarrtais agaibh a lìonadh gu h-iomlan agus gu bheil na stuthan taic riatanach air am mìneachadh ann an **earrann K** den fhoirm mus cuir sibh a-steach e.

Bu chòir foirmean lìonnte agus na stuthan taic uile a chur gu [screen@creativescotland.com](mailto:screen@creativescotland.com).

Cha ghabhar ri tagraidhean a thig a-steach às deidh a' cheann-latha airson a' chuairt sin. Ma tha iad fhathast ion-roghnach, thèid [beachdachadh orra san ath chuairt](#).

Ma tha ceist sam bith agaibh, cuiribh fios thugainn mus cuir sibh a-steach iarrtas.

## Dè an dèanadas agus na cosgaisean ris an cur a' mhaoin taic?

---

Bithear a' sùileachadh gun cur gach duais às a' mhaoin seo ri cur air dòigh prògraman fèisean film no taisbeanadh sgrìn taobh muigh fèise, a bhios fosgailte don mhòr-shluagh.

Mholamaid ar n-ionmhas a chleachdadh gus taic a thoirt ri cosgaisean bunaiteach gus dèanamh cinnteach à seasmhachd eagrachaidh, agus far an gabh a dhèanamh, gum bu chòir tùsan maoin eachaidh is teachd-a-steach eile leigeil leibh ur prògram a leasachadh (m.e. le bhith ag obair air raointean sònraichte de ghnìomhachd le diofar chom-pàirtichean, luchd-urrais, carthannais, maoin eachadh prìobhaideach no poblach).

Feuch an smaoinich sibh air mar a bheir am maoin eachadh againn comas do leasachadh na buidhne agaibh - a' gabhail a-steach sgioba làidir a bhith agaibh, deagh chleachdaidhean obrach, agus obrachadh a dh'ionnsaigh leasachadh seasmhach.

## **Faodar iarrtas a dhèanamh airson farsaingeachd cosgaisean prògram, leithid:**

- Gnìomhan leasachadh eagrachail (leithid obair ro-innleachdail, togail com-pàirteachais, fastadh bùird, leasachadh poileasaidh msaa) mar phàirt de libhrigeadh iomlan a' phròiseict.
- Cosgaisean airgead a thogail agus leasachadh tùsan teachd-a-steach eile.
- Rannsachadh air a' phrògram, modalan luchd-amhairc no buidhnean agaibh agus obraich gus iad sin a leasachadh, mar phàirt de libhrigeadh iomlan a' phròiseict.
- Cosgaisean luchd-obrach co-cheangailte ris a' phròiseact (bithear a' sùileachadh prionnsabalan **Obair Chothromaich** a bhith anns na poileasaidhean HR is fastadh agaibh).
- Trèanadh agus leasachadh proifeasanta an luchd-obrach (leithid margaidheachd didseatach, cruthachadh thachartasan ruigsinneach, trèanadh an-aghaidh claon-bhreith, trèanadh HR, trèanadh burraidheachd agus sàrachadh msaa).
- Co-chomhairleachadh is for-ruigheachd anns a' phròiseas planaidh, gu h-àraid gus a bhith ri conaltradh ri coimhearsnachdan air nach eil seirbheis gu leòr no buidhnean nach eil a' frithealadh gu leòr.
- Cosgaisean phrògram (leithid iasad film, luchd-òraid air aoi gheachd, bùithtean-obrach/ sàr-chlasaichean).
- Cosgaisean inntrigidh (am measg eile: fo-thiotail an lùib agus/no air falbh, mineachadh BSL, iomradh fuaim, measadh ruigsinneachd agus luchd-comhairleachaidh msaa).
- Tiogaidean, cairtean riochdairean agus siubhal airson rannsachadh phrògram.
- Fastadh uidheamachd/ionaid.
- Cosgaisean goireasan air-loidhne.
- Cosgaisean margaidheachd is follaiseachd (a' gabhail a-steach clò, air-loidhne, PR).
- Obair conaltradh is foghlaim ceangailte ris a' phrògram agaibh.
- Obair gnìomhachais ceangailte ris a' phrògram agaibh.
- Cosgaisean conaltraidh coimhearsnachd, leithid:
  - luchd-obrach aon ghnothaich conaltradh luchd-amhairc agus for-ruigheachd/ com-pàirtichean a chuireas taic ri làthaireachd muinntir na coimhearsnachd
  - togail com-pàirteachais le carthannasan no buidhnean coimhearsnachd
  - iomairtean a fhreagras air cnapan-starraidh do bhith an làthair agus a bhith an sàs ann
- Cosgaisean sgrùdaidh is measaidh.
- Cosgaisean tèarainteachd.
- Cosgaisean measaidh buaidh àrainneachd agus sgrùdadh

Ged a dh'fhaodar ar maoin eachadh a chleachdadh a dh'ionnsaigh nan cosgaisean sin uile, tha sinn an dùil gum bi tagraichean cuideachd a' dealbhadh taic teachd-a-steach agus com-pàirteachais eile a chuireas ris a' phlana ionmhais.

**Cha bhi cosgaisean a chruinnichear mus dearbhar ar taic-airgid airidh air cuideachadh.** Tha seo a' ciallachadh nach urrainn dhuibh cur a-steach airson cosgaisean a tha ri phàigheadh mus tèid co-dhùnadh a dhèanamh mun iarrtas agaibh.

Feuch an toir sibh sùil air a' [cheann-latha agus amannan co-dhùnaidh](#) airson tuilleadh fiosrachaidh.

## Dè na slatan-tomhais a chleachdas sinn gus an iarrtas agaibh a mheasadh?

---

Bu chòir do iarrtasan cunntas a thoirt air gnìomhan a chuidicheas le bhith a' coileanadh [Prìomhachasan Leasachadh Luchd-amhairc Sgrìn Alba](#) agus thèid am measadh a rèir nan Slatan-tomhais Maoineachaidh aig Alba Chruthachail a leanas:

### Càileachd agus Miann Adhartais

Cuidichidh am maoin eachadh againn tagraichean gus obair àrd-inbhe a leasachadh agus a libhrigeadh a tha a' nochdadh iomadachd agus dearbh-aithne shònraichte na h-Alba. Airson a' mhaoin seo, tha sinn an dùil gur e eòlasan cultarail gun samhail a bhios seo aig am bi buaidh agus nach tèid a dhùblachadh le tachartasan is seirbheisean eile ann an Alba.

Bu chòir gnìomhan a bhith air am prògramadh, air am margaidheachd, agus air an eagrachadh ann an dòigh a nì cinnteach gum bi eòlas air leth math aig an luchd-amhairc targaid gach tachartas. Bithear an dùil ri obair dhlùth còmhla ri luchd-amhairc gus dèanamh cinnteach gu bheil feum air a' ghnìomhachd agus gu bheil e iomchaidh agus freagarrach. Tha a' mhaoin a' brosnachadh co-obrachadh agus obair com-pàirteachais.

### Nì sinn measadh air mar a tha pròiseactan a' taisbeanadh:

- Lèirsinn agus adhbhar soilleir le amasan is cinn-uidhe a tha soilleir agus comasach a choileanadh.
- Deagh mhineachadh air fòcas, cuspairean, prìomhachasan, agus builean cruthachail nam prògram.
- Gnìomhachd shònraichte a tha a' dèiligeadh ri feum no beàrn taobh a-staigh nan coimhearsnachdan agus na h-àiteachan air am bi e a' frithealadh, agus a sheachnas dùblachadh an t-solair a th' ann mar-thà.
- Air a leasachadh agus air a libhrigeadh le sgioba leis an fhiosrachadh agus an eòlas iomchaidh gus am pròiseact a riaghladh, na tachartasan a thoirt gu buil agus ceangal a dhèanamh ri luchd-amhairc.
- Far a bheil e iomchaidh, bidh an luchd-amhairc targaid air a riochdachadh san sgioba agus/no san obair com-pàirteachais agaibh ann a bhith a' leasachadh agus a' libhrigeadh an gnìomhachd agaibh.

## Conaltradh

Bu chòir do ghnìomhachd le taic bhon mhaoin a dhol an sàs gu sònraichte le luchd-amhairc nach eil air an riochdachadh gu leòr ann an luchd-amhairc sgrìn ann an Alba.

Bu chòir do phròiseactan cuir às do chnapan-starra a thaobh com-pàirteachadh agus dèanamh cinnteach gu bheil cultar taigh-dhealbh beòthail, buntainneach agus a' ruighinn an luchd-amharic targaid agaibh.

### Nì sinn measadh air:

- Ma tha luchd-amhairc targaidte soilleir aig pròiseactan agus gnìomhan a fhreagras air na feumalachdan, ùidhean agus beatha aca.
- Ma tha pròiseactan gu gnìomhach a' lughdachadh chnapan-starra a dh'fhaodadh a bhith aig an luchd-amharic seo.
- Ma tha pròiseactan a' toirt a-steach an luchd-amhairc targaidte ann am planadh agus libhrigeadh gu dìreach, tro chom-pàirteachas le buidhnean coimhearsnachd/riochdachaidh, agus/no tro cho-chomhairle agus measadh.
- Ma bhios pròiseactan a' frithealadh is cothrom a bharrachd a bhith ann do choimhearsnachdan (an dà chuid a thaobh làrach is sluagh) as aonais no le glè bheag de chothrom air cultar film, no nach eil a' frithealadh gu leòr airson adhbharan eile.
- Ma tha planaichean margaidheachd is ruighinn a-mach aig pròiseactan a tha dualtach an luchd-èisteachd a thàladh..

## Co-ionannachdan, Iomadachd agus Ion-ghabhaltachd (EDI)

Tha sinn airson dèanamh cinnteach gu bheil gnìomhachd le taic bhon mhaoin a' nochdadh nas fheàrr air iomadachd na h-Alba san latha an-diugh. Bu chòir EDI a bhith air fhisge a-steach an dà chuid ann an gnìomhachd poblach agus ann an cleachdaidhean obrach na gnìomhachd air a bheil sinn a' toirt taic.

- 'S ann mu chur às do bhacaidhean a tha Co-ionannachd.
- 'S ann mu taic is follaiseachd a thoirt do chultaran eadar-dhealaichte a tha lomdachd, gus an cluinnear diofar ghuthan.
- 'S ann mu dheidhinn cothroman a chruthachadh a tha Ion-ghabhaltachd, gus am bithear ag obair, a' gabhail pàirt ann agus a' faighinn eòlas air ealain agus cruthachalachd air feadh na dùthcha.

### Nì sinn measadh air mar a tha pròiseactan a' taisbeanadh:

- Dealas soilleir agus beachdachadh air prionnsapalan EDI tro leasachadh, planadh agus libhrigeadh gnìomhachd, a' gabhail a-steach taobh a-staigh a' phrògram chruthachail, prìomh luchd-obrach agus sgioba libhrigidh, agus ruigsinneachd gnìomhan.

### **Mar eisimpleir:**

- A' cuideachadh le ionadan agus fèin-fhiosrachaidhean càirdeil far am meal daoine cultar sgrìn agus far an tèid diofar sluaghan-amhairc an sàs annta, agus a' cuimseachadh gu sònraichte air an fheadhainn le dìth riochdachadh no dìth frithealaidh.
- A' toirt taic do leasachadh phrògraman agus glèidheadairean bhò bhuidhnean gun riochdachadh gu leòr.
- A' nochdadh iomadachd taobh a-staigh taghadh luchd-dèanamh fhilmichean agus luchd-labhairt a tha a' cur ris a' phrògram.
- Cleachdaidhean fastaidh agus obrach a bhrosnaicheas agus a bheir taic do iomadachda agus in-ghabhail.

A bharrachd air seo, mar phàirt den obair againn gus an gnìomhachas film a dhèanamh nas in-ghabhailtaich agus nas co-ionann bidh Sgrìn Alba a' cleachdadh [Inbhean Iomadachd BFI](#). Feumaidh a h-uile tagraiche don mhaoin seo cur a-steach gu Inbhean Iomadachd mus cuir iad iarrtas a-steach.

Leughaidh tuilleadh mu na tha a' mhaoin seo a' meas mar bhuidhnean gun riochdachadh gu leòr air [duilleag 20](#).

Ma tha sibh airson barrachd a leughadh mu dhòigh-obrach Alba Chruthachail a thaobh EDI, agus barrachd ghoireasan a lorg airson na h-obrach seo, rachaibh gu: [Co-ionannachdan, Iomadachd agus Ion-ghabhalachd | Alba Chruthachail](#)

### **Seasmhachd Àrainneachd**

Faodaidh àite cudromach a bhith aig luchd-taisbeanadh film ann a bhith a' coileanadh targaid àrd-amasach neoni lom na h-Alba.

Tha sinn airson taic a thoirt dha na buidhnean a tha sinn a' maoineachadh gus a bhith mar riochdairean atharrachaidh ann an cruth-atharrachadh cothromach is ceart na h-Alba gu bhith na dùthaich shoirbheachail, neoni lom agus deiseil airson gnàth-shìde.

#### **Nì sinn measadh air mar a tha pròiseactan a' taisbeanadh:**

- Maothachadh: tha an tagraiche mothachail air buaidh gualain nan gnìomhan aca agus tha iad a' gabhail ceumannan gus sgaoilidhean gualain agus buaidh àrainneachd a lughdachadh a rèir neoni lom.
- Atharrachadh: tha a' bhuidheann mothachail air cunnartan no atharrachaidhean nan gnìomhan mar thoradh air atharrachadh cliomaid agus mar a thèid dèiligeadh riutha.
- Prògramadh agus tachartasan: a' togail mothachadh, a' roinneadh, no a' sgrùdadh cheumannan gus dèiligeadh ri èiginn na gnàth-shìde, a' gabhail a-steach dèiligeadh ri cùisean a bheir buaidh shònraichte air na buidhnean luchd-amhairc a thagh iad.

Ma tha sibh airson barrachd a leughadh mu dhòigh-obrach Alba Chruthachail a thaobh Seasmhachd Àrainneachd, agus barrachd ghoireasan a lorg airson na h-obrach seo, rachaibh gu:

[Seasmhachd Àrainneachd | Alba Chruthachail](#).

## Obair Chothromach

Tha Obair Chothromach air a mhìneachadh a rèir poileasaidh [Obair Chothromach an Toiseach](#) aig Riaghaltas na h-Alba.

Tha sinn airson gum bi inntigeachd cothromach aig daoine a tha ag obair ann an roinn taisbeanadh film air cothroman, gun tèid dèiligeadh riutha le spèis agus gum faigh iad pàigheadh cothromach airson na h-obrach a bhios iad a' dèanamh.

### Nì sinn measadh air mar a tha pròiseactan a' taisbeanadh:

- Dealasan a thaobh Obair Chothromach agus ruigsinneachd thar gach cleachdaidhean obrach.
- Tha Obair Chothromach ga cur an sàs airson h-uile duine leis a bheil sibh ag obair, a' gabhail a-steach an luchd-obrach air fad, luchd-obrach neo-cheangailte, saor-thoilich, comhairlichean, agus luchd-labhairt/cluicheadairean. Faodar prionnsapalan Obair Chothromach a leudachadh cuideachd gu luchd-ùidh agus com-pàirtichean, a rèir farsaingeachd a' phròiseict agaibh. Tha prionnsapalan Obair Chothromach air am mìneachadh agus air an cur an cèill taobh a-staigh na buidhne agaibh agus dha na daoine còmhla ris a tha sibh ag obair.
- Mar a tha Guth Èifeachdach ag obrair anns a' bhuidheann agaibh agus sa phròiseact seo, a' gabhail a-steach mar a bhios sibh a' toirt seachad shianalan airson luchd-obrach a bhith a' bruidhinn leotha fhèin agus còmhla, a' chòir a bhith air an cluinntinn airson adhbhar conaltraidh fosgailte, cuideachail agus slighean leithid aithneachadh aonaidhean ciùird.
- Mar a tha sibh a' tasgadh ann an leasachadh an luchd-obrach agaibh, a' gabhail a-steach cothroman air adhartas dreuchdail airson luchd-obrach / saor-thoilich / com-pàirtichean sa phròiseact agaibh.
- Gu bheil pròiseasan fastaidh in-ghabhalach agus ruigsinneach, a' seachnadh cleachdadh chùmhnanntan uairean neoni agus cleachdaidhean 'leig air falbh is ath-fhastadh', a' dèiligeadh ris a' bheàrn pàighidh gnè agus a' tabhann cleachdaidhean obrach sùbailte is càirdeil do theaghlaichean don h-uile neach-obrach.
- Gu bheil daoine air am pàigheadh gu cothromach; co-dhiù am Fìor Thuarastal Beò agus aig ìrean gnìomhachais airson obair speisealaichte agus bidh aontaidhean soilleir aca a thaobh an cuid obrach.

**Thoiribh an aire gum feum na tuarastalan is na cisean uile a bhith air an sealltainn anns a' bhuidheann a chuir sibh a-steach le ìre uair no latha. Tha seo a' toirt a-steach luchd-labhairt agus luchd-obrach neo-cheangailte.**

Ma tha sibh airson barrachd a leughadh mu dhòigh-obrach Alba Chruthachail a thaobh Obair Chothromach, agus barrachd ghoireasan a lorg airson na h-obrach seo, rachaibh gu: [Obair Chothromach | Alba Chruthachail](#).

## Eadar-nàiseanta (roghainneil)

Chan eil obair eadar-nàiseanta na riathanas den mhaoin agus chan eil e air a mhaoineachadh tro Mhaoin Fèis Film & Prògram Sgrionaidh. Ach, ma tha gnìomhachd cudromach eadar-nàiseanta agaibh, tha ùidh againn cluinntinn mu dheidhinn seo gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air a' bhuidheann agaibh agus gnìomhachd a tha a' tachairt san roinn.

Tha ùidh againn ann an gnìomhachd a tha dualtach iomlaid chultarail a bhrosnachadh, co-obrachadh eadar-nàiseanta na h-Alba a neartachadh gu sònraichte ann an gnìomhachas nam film, agus ìomhaigh na h-Alba a thogail thall thairis.

**Mar eisimpleir, faodaidh sibh innse dhuinn mar a dh'fhaodadh ur pròiseact:**

- Eòlas, lèirsinn, ùr-ghnàthachadh agus iomadachd na buidhne a leudachadh tro obair eadar-nàiseanta.
- Modalan gnìomhachais a neartachadh tro obair eadar-nàiseanta.
- Cothrom a thoirt do dh'obair àrd-inbhe à Alba a bhith air a thaisbeanadh gu farsaing agus air a mhealtainn, ag àrdachadh ìomhaigh na h-Alba mar dùthaich chruthachail.
- Leigeil le filmichean agus beachdan bho dhùthchannan eile a bhith air an taisbeanadh ann an dòighean tarraingeach agus buntainneach don luchd-èisteachd dachaigh.
- Buannachdan a chruthachadh don roinn riochdachaidh film, a' gabhail a-steach brosnachadh co-riochdachadh eadar-nàiseanta.

**Ma lìonas sibh an earrann seo, innisibh mar a tha ur gnìomhachd eadar-nàiseanta:**

- A' toirt cunntas air Seasmhachd Àrainneachdail agus mar a tha buaidhean air an lasachadh.
- A' buntainn ri prionnsapalan EDI agus Obair Chothromach

Tha a' bhuidhe a th' aig an RA a' fàgail an EU, èiginn gnàth-shìde na cruinne, an galar lèir-sgaoilte COVID-19 agus an èiginn cosgais bith-beò air a' bhuidhe aca fhèin a thoirt air comas na roinne cruthachail obair eadar-nàiseanta a dhèanamh agus tha sinn airson seo agus feumalachdan co-cheangailte ri seo a thuigsinn.



## Cia mheud a dh'fhaodas mi iarraidh?

---

Tha sinn an dùil duaisean fa leth eadar **£10,000** agus **£40,000** sa bhliadhna a thoirt seachad. Ma tha coltas ann gum bi cosgaisean ur pròiseict fada a-mach à seo cuiribh fios gu Sgioba Ceist gus bruidhinn mun tagradh agaibh.

Ma tha sibh a' sireadh **nas lugha na £10,000**, bu chòir dhuibh smaoin eachadh air tagradh a chur do [Mhaoin Taisbeanadh Film](#) aig Film Hub Scotland no aon de na cothroman maoin eachaidh eile aca.

Bu chòir dhuibh a bhith ag amas air co-mhaoineachadh fhaighinn airson a' phròiseact agaibh oir cuidichidh e leis an iarrtas agaibh a neartachadh. Mar riaghailt, tha sinn an dùil gun tig co-dhiù 30% den bhuidseit iomlan bho thùsan eile. Tha sinn an dùil gum bi ceudad nas motha de cho-mhaoineachadh aig fèisean stèidhichte. Faodaidh co-mhaoineachadh a bhith air a dhèanamh suas de mhaoineachadh bho bhunaitean, luchd-maoineachaidh poblach, urrasachd, ionmhas fhèin, teachd-a-steach oifis bogsa, agus/no com-pàirteachasan le buidhnean eile. Faodaidh seo a bhith airgead no stuthail

Ma tha adhbhar làidir agaibh carson nach eil seo comasach, cuir fios chun Sgioba Ceist a cuireas sibh ann an connaltradh le Sgioba Leasachaidh Luchd-amhairc gus bruidhinn mu dheidhinn.

Chan fheum co-mhaoineachadh a bhith air a dhearbhadh mus cuir sibh a-steach airson a' mhaoin, ged a dh'fhaodadh sinn dearbhadh iarraidh tron phròiseas measaidh no mar chumha taic.

Airson fiosrachaidh a-bharrachd, rachaibh gu:

[Cuideachadh Leis A' Bhuidseat Agaibh | Alba Chruthachail](#)

Air sgàth iarrtas, **chan eil e coltach gum bi sinn a' maoineachadh a h-uile iarrtas iomchaidh a choinnicheas ris na slatan-tomhais.**

# Cuin a nì mi iarrtas?

Bheir a' mhaoin seo taic do ghnìomhachd a bhios a' tachairt eadar **1 Sultain 2024** agus **31 Lùnastal 2025**.

Ceann-là Iarrtais	Co-dhùnaidhean ro:
18 Giblean 2024*	27 Ògmhios 2024
16 Sultain 2024	27 Samhain 2024
13 Faoilleach 2025	3 Màrt 2025

## Dèanaibh cinnteach gun tagh sibh an ceann-latha agaibh gu h-ìomchaidh.

Feumaidh co-dhiù 8 seachdainean a bhith ann eadar an ceann-latha **co-dhùnaidhean ro** airson an ceann-latha a thagh sibh, agus a' chiad ghnìomhachd poblach agaibh.

Cha bhi cosgaisean a chruinnichear mus dearbhar ar taic-airgid airidh air cuideachadh.

Tha sinn a' cur fàilte air iarrtasan aig cinn-latha nas tràithe, gu sònraichte ma tha sibh airson cur a-steach airson maoin eachadh fad-ùine ro cinn-laithean nam prìomh ghnìomhachd agaibh. Ma chuireas sibh a-steach às deidh ceann-latha ainmichte, no eadar cinn-ama, thèid an iarrtas agaibh a shàbhaladh chun ath chuairt. Ach, feumaidh e a bhith airidh air a' chuairt sin a rèir nan riaghailtean gu h-àrd.

**Dùinidh a' mhaoin aig meadhan oidhche air 13 Faoilleach 2025** no nuair a bhios a' mhaoin air a làn riarachadh (bidh sinn a' cumail sùil air a' mhaoin agus a' toirt fios ma tha a' mhaoin faisg air a bhith air a riarachadh gu h-ìomlan).

Mura h-eil sibh cinnteach dè an ceann-latha airson iarrtas cuiribh fios thugainn ro làimh aig [enquiries@creativescotland.com](mailto:enquiries@creativescotland.com).

**\*Mas e tagraiche Maoin Ioma-bhliadhnail Ìre 2 Alba Chruthachail a th' annaibh, nach cuir sibh fios thugainn gus beachdachadh air an iarrtas agaibh.**

# Dè am fiosrachadh a dh'fheumas sibh a thoirt seachad san iarrtas agaibh?

---

- Foirm-iarrtais coileanta
- Dearbhadh gun do **chuir sibh a-steach Inbhean Iomadachd BFI** (chan fheum an toradh a bhith agaibh fhathast)
- Plana ionmhais agus buidseat
- Measadh cunnairt (**a' cleachdadh an teamlaid a chaidh a sholarachadh**)
- Plana margaidheachd
- Sgrìobhainn ro-innleachd prògram a' gabhail a-steach dreachd prògram.

Bu chòir na tha gu h-àrd a chur gu [screen@creativescotland.com](mailto:screen@creativescotland.com).

## **Ann an fhoirm tagraidh, thèid iarraidh oirbh fiosrachadh a thoirt seachad air:**

- Prìomh fhiosrachadh mun bhuidheann agaibh
- Cinn-latha agus àiteachan ur gnìomhachd
- Figearan frithealaidh san àm a dh'fhalbh agus ris a bheilear an dùil
- Am plana ionmhais agaibh
- Amasan na buidhne agus a' phròiseict agaibh
- Am prògram iomlan agaibh
- Cò tha an sàs ann a bhith a' leasachadh agus a' libhrigeadh ur gnìomhachd, m.e. sgioba, bòrd, com-pàirtichean
- Dè an luchd-amhairc a bhios sibh ag amas air a ruighinn agus ciamar a nì sibh seo
- Mar a dhèiligeas sibh ri prìomh phrìomhachasan Alba Chruthachail a thaobh EDI, Seasmhachd Àrainneachdail, Obair Chothromach agus (roghainneil) gnìomhachd eadar-nàiseanta.

# Inbhean Iomadachd BFI - Sgeama Pileatach Sgrìn Alba

---

Is iad Inbhean Iomadachd BFI frèam-obrach gus dèiligeadh ri dìth riochdachaidh is co-ionannachd chothrom adhartachaidh ann an raointean sgrìn.

Tha Screen Scotland air gabhail ri [Inbhean Iomadachd BFI](#), a' leantainn air adhart leis an sgeama pileat a chaidh a chuir air bhog air 1 Giblean 2022. Is e seo pàirt de dhleastanas Sgrìn Alba a thaobh EDI agus le amas iomadachd is in-ghabhaltas adhartachadh am measg bhuidhnean le dìth-riochdachaidh sa raoin sin.

Ag obair còmhla, dh'ullaich BFI is Sgrìn Alba cuid de riaghailtean a tha sònraichte do dh'Alba gus an riochdaich pròiseactan muinntir na h-Alba nas fheàrr. Tro bhliadhna an sgeama phileataich, bidh Inbhean Iomadachd BFI mar phàirt de riaghailtean tagraidh Maoin Rìochdachaidh agus Leasachaidh Film agus Maoin Fèisean Film & Prògram Sgrìonaidh Sgrìn Alba.

Feumaidh sibh iarrtas a dhèanamh thucasan mus dèan sibh iarrtas ris a' mhaoin agus feumaidh sibh fianais mun iarrtas a nochdadh (chan ann gun do shoirbhich leibh) gus iarrtas a dhèanamh ris a' mhaoin seo.

Feumar freagairt air Inbhean Iomadachd BFI gus am faighear ionmhas, ged-tà, chan eil anns an fhreagairt air na h-inbhean ach earrainn den mheasadh air an tagradh agaibh ris a' mhaoin seo. **Chan eil freagairt air na h-Inbhean a' ciallachadh ann fhèin gun do shoirbhich leis an tagradh ris a' mhaoin.**

## Buidhnean le dìth riochdachaidh

---

Tha na facail buidhnean le dìth riochdachaidh a' buntainn ri feadhainn a tha a' fulang le leth-bhreith air sgàth aon no barrachd de na feartan tha gan dìon fo Achd Co-ionannachd 2010.

**Is iad na feartan a tha gan dìon ann an Achd na Co-ionannachd 2010:**

- Aois
- Ciorram
- Ath-bhuileachadh gnè
- Pòsadh is com-pàirteachas sìobhalta
- Torrachas is màthrachas
- Cinneadh
- Cràbhadh no creideamh
- Gnè
- Taobhadh Feise.

A bharrachd, aithnichidh sinn gu bheil cnapan-starraidh sònraichte ma choinneamh buidhnean le dìth-riochdachaidh ann an raoin sgrìn na h-Alba (an dà chuid air is far an sgrìn) ris nach buin na feartan a tha gan dìon fo Achd na Co-ionannachd 2010. Le sin, thathas cuideachd airson dèiligeadh ri dìth-riochdachadh am measg an fheadhainn a tha gan comharrachadh fhèin mar:

- b/Bodhar.
- a' buntainn do dhualchas nach eil cho math dheth
- neach le eòlas bhon a bhith san t-siostaim chùraim
- neach a bha nan Luchd-cùraim
- luchd-bruidhinn na Gàidhlig
- nach eilear a' bruidhinn Beurla mar am prìomh chànan
- de dhualchas Fògarrach agus Eilthireach
- a tha a' fuireach ann an Alba ann an sgìre le dìth riochdachaidh leithid sgìre, làrach no coimhearsnachd. .

Thagh sinn mìneachadh sònraichte airson com-pàirteachadh roinneil a thaobh cumadh sluagh is cruth sgìrean na h-Alba gus àitichean ann an Alba a ghabhail a-steach aig a bheil:

- Ìrean àrd de bhochdainn agus/no ioma-bhochdainn mar a mhìnichear ann an Cunntas Albannach Ioma-Bhochdainn (SIMD).
- Mar a mhìnichear ann an Seòrsachadh ochd-fhillte Dùthchail is Bailteil Riaghaltas na h-Alba a thaobh sluagh is astar mus ruigear sgìrean bailteil, leithid: Sgìrean Mòra Bailteil, Sgìrean Bailteil Eile, Bailtean Beaga Ruigsinneach, Bailtean Beaga Iomallach, Bailtean Beaga Fìor Iomallach, Bailtean Dùthchail Ruigsinneach, Sgìrean Dùthchail Ruigsinneach, Sgìrean Dùthchail Iomallach agus Sgìrean Dùthchail Fìor Iomallach.

Gus dèanamh cinnteach nach buail atharraichean tomadach nur dèanadas air luchd-obrach no luchd-amhairc le na feartan a tha gan dìon, bithibh cinnteach gum beachdaich sibh air buaidh ur dèanadais. Bithear a' sùileachadh gun cleachd gach tagraiche ionadan so-ruigsinneach is in-ghabhaltach.

## Raointean Fòcas ann an 2024/2025

A bharrachd air a bhith a' cumail oirnn a' toirt taic do ghnìomhachd a tha le agus airson nam buidhnean nach eil air an riochdachadh gu ìre mòr, ann an 2024-2025 tha raointean fòcas sònraichte againn air a bheil sinn a' toirt prìomhachas. Tha seo gu ìre mar aithneachadh nach eil na buidhnean sin air an deagh riochdachadh ann an gnìomhachd a tha a' faighinn taic bhon Mhaoin seo an-dràsta/roimhe seo.

Gabhaidh sinn ri tagraidhean a choinnicheas ri slatan-tomhais na maoin ann an dòighean eile, ach nach eil a' dèiligeadh ri raointean fòcas 2024/2025. Ach, bheir sinn prìomhachas do phròiseactan a chuidicheas le bhith a' dèiligeadh ris na beàrnan sin ann an tàlant agus/no luchd-amhairc mar an làn adhbhar, no mar phàirt, den ghnìomhachd aca.

## Buidhnean Mòr-chuid Cruinneil agus Mion-chinnidh ann an Alba

Tha Buidhnean Mòr-chuid Cruinneil agus Mion-chinnidh ann an Alba agus san RA fhathast a' faighinn eòlas air gràin-cinnidh agus bacaidhean nar gnìomhachasan cultarach. Aig an àm seo chan eil roinn Leasachadh Luchd-amais Sgrìn h-Alba a' toirt taic ach do àireamh bheag de ghnìomhachdan air an dealbhadh leis na buidhnean sin no air an son. Mar sin, tha iad sin nam buidhnean prìomhachais ann an 2024/2025.

Tha ùidh shònraichte againn ann an gnìomhachd le agus airson dhà de na mion-bhuidhnean as motha ann an Alba – an fheadhainn le dualchas Àisianach a Deas agus Pòlach – oir a dh'aindeoin cho follaiseach 's a tha iad ann an sluagh na h-Alba chan eil sinn an-dràsta a' toirt taic do phròiseactan sam bith leis na buidhnean sin no air an son.

## Daoine b/Bodhar agus Le ciorram

Tha 20% de shluagh na h-Alba ciorramach agus tha beagan nas lugha na millean neach ann an Alba Bodhar no le call claisneachd. Tha Sgioba Leasachaidh Luchd-amais Sgrìn Alba dealasach a thaobh a bhith a' brosnachadh ruigsinneachd air gnìomhan maoinichte agus cosnadh dha na buidhnean sin (a bha gu h-eachdraidheil air a bhith gun riochdachadh gu leòr anns an sgioba-obrach sgrìn ann an Alba). Mar sin, tha iad sin nam buidhnean prìomhachais airson 2024/2025.

## Cùl-raon Sòisio-eaconamach

Tha sinn a' tuigsinn gu bheil cnapan-starra ann a thaobh ruigsinneachd agus adhartas do dhaoine bho dhiofar chùl-raointean sòisio-eaconamach agus tha sinn airson a bhith for-ghnìomhach ann a bhith ag atharrachadh seo.

A bharrachd air an sin, tha an fheadhainn a tha a' fuireach ann an sgìrean bochdainn ag aithris gu bheil e doirbh dhaibh faighinn gu taighean-dhealbh neo-eisimeileach. Airson na maoin seo, faodar na buidhnean sin a mhìneachadh ann an dà dhòigh.

1) A bhith a' fuireach ann an sgìre de bhochdainn shòisealta mar a tha air a shònrachadh ann an Clàr-amais loma-bhochdainn na h-Alba.

2) Mar a chaidh a mhìneachadh le obair a' phrìomh neach-cosnaidh / an teachd a-steach as àirde san dachaigh aca nuair a bha am ball den luchd-èisteachd / com-pàirtiche / neach-obrach 14.

Thathas den bheachd nach eil daoine fa leth air an riochdachadh gu leòr ann

an obair san roinn sgrion, agus ann an luchd-èisteachd taigh-dhealbh neo-eisimeileach, nam biodh cosnadh an neach-cosnaidh as àirde san dachaigh aca mar aon de na leanas aig an àm sin:

- Dreuchdan teicnigeach agus ciùird (meacanaig motair, plumair, clò-bhualadair, dealanach, gairnealair, draibhear trèana).
- Dreuchdan leth-ghnàthach làimhe agus seirbheis (neach-obrach puist, neach-obrach inneal, geàrd tèarainteachd, neach-cùraim, neach-obrach tuathanais, neach-cuideachaidh solair, neach-cuideachaidh reic).
- Dreuchdan àbhaisteach làimhe agus seirbheis (draibhear HGV, inneal-glanaidh, dorsair, pacaiche, neach-obrach, neach-frithealaidh/frithealaidh, luchd-obrach bàr).
- Gun obair fad-ùine (air a thagradh airson Cuibhreann Luchd-sireadh Obrach no sochair eile roimhe airson còrr is bliadhna).

## Clann agus Òganaich

Ged a tha clann agus òganaich fhathast nam prìomh bhuidheann luchd-amhairc airson taigh-dhealbh, tha an deamografach seo cuideachd a' crìonadh ann an luchd-amharic air feadh cruth-tìre taigh-dhealbh, suidheachadh air a dhèanamh nas miosa le COVID-19 agus atharrachaidhean sa ghniomhachas mar thoradh air. Mar sin tha iad cuideachd nam prìomhachas airson na maoin.

## Sgìrean Ceàrnaidh

Tha a' mhòr-chuid de mhaoineachadh cultarach na h-Alba air a bhuileachadh air buidhnean agus gnìomhachd chultarach ann am Meadhan na Dùthcha. Tha sinn airson taic a thoirt do ghniomhachd ann an sgìrean eile de dh'Alba. Tha an dà chuid a bhith a' dol an sàs còmhla ri luchd-amhairc ann an sgìrean eile, agus a' cruthachadh cosnadh cultarach anns na sgìrean sin cudromach.

## Iomraidhean

[Scotland's Census](#)

[Scottish Index of Multiple Deprivation](#)

[Screen Scotland Equalities Survey May 2016](#)

[BFI Film Fund Class Breaking Data](#)

[Screened Out: Tackling Class Inequality in the UK Screen Industries](#)

[BFI Workforce Diversity in the UK Screen Sector Evidence Review 2018](#)

[BFI Next Up Consultation](#)

[RNID](#)

[INTO FILM](#)

# Saorsa Fiosrachaidh

---

Tha rùn aig Alba Chruthachail a bhith cho fosgailte 's a ghabhas. Saoilidh sinn gu bheil còir fios a bhith aig a' phoball ciamar a chosgas sinn ionmhas poblach agus a nì sinn co-dhùnaidhean a thaobh maoinachaidh. Chithear mion-fhiosrachadh de ar dèiligeadh ri FOI [air an làrach-lìn againn](#).

Tha sinn air ar clàradh mar ùghdarras poblach fo Achd Saorsa an Fhiosrachaidh (Alba) 2002. A rèir an lagha, dh'fhaodamaid na sgrìobhainnean iarrtais agaibh agus fiosrachadh mun mheasadh againn a thoirt dha ball sam bith den phobaill a dh'iarraas am faicinn fo Achd Saorsa an Fhiosrachaidh (Alba) 2002. Chan fhaod sinn na pàirtean sin de na sgrìobhainnean a tha fo raon aon no barrachd de na saoraidhean fon Achd fhoillseachadh. Faicibh an làrach-lìn Saorsa an Fhiosrachaidh aig [www.itspublicknowledge.info](http://www.itspublicknowledge.info) airson fios mun Achd san fharsaingeachd agus na saoraidhean. Chan fhoillsich sinn fiosrachadh sam bith mu dheidhinn iarrtasan aig àm a' mheasaidh, oir faodaidh seo buntainn ris a' phròiseas co-dhùnaidh.

## Gearanan

---

Mar bhuidheann, èistidh Alba Chruthachail agus bheir sinn freagairt daonnan do dhraghan sam bith a dh'fhaodadh a bhith oirbh. Nam bu toigh leibh gearan a thogail mun t-seirbheis a fhuair sibh bho Alba Chruthachail no an dòigh san do dhèilig sinn ri ur n-iarrtas, tha pròiseas againn as urrainn dhuibh cleachdadh.

Thoiribh an aire nach eil pròiseas ath-thagraidh aig Alba Chruthachail, agus air an adhbhar seo, chan urrainn dhuinn gabhail ri gearanan a tha co-cheangailte ris a' cho-dhùnadh a-mhàin seach gearanan a tha cocheangailte ri ciamar a rinn sinn an co-dhùnadh.

Airson tuilleadh fiosrachaidh, rachaibh gu earrann nan Gearanan air ar làrach-lìn: [Làimhseachadh ghearanan | Alba Chruthachail](#).

## Dion Dàta

---

Feumaidh Alba Chruthachail beagan fiosrachaidh phearsanta mur deidhinn/ mu dheidhinn ur buidhne gus beachdachadh air ur tagradh airson maoinachaidh. Às aonais an fhiosrachaidh cha tèid aig Alba Chruthachail air ur tagradh a thoirt air adhart.

Nam bu mhath leibh coimhead air mion-chunntas dhen fhiosrachadh phearsanta a dh'fheumas sinn, carson a dh'fheumar e, agus dè nì sinn leis an fhiosrachadh sin agus dè cho fada 's a ghlèidheas sinn e, thoiribh sùil air ar Brath Prìobhaideachd, ri fhaighinn air-loidhn:

[Privacy Notice | Creative Scotland](#)

Faodaidh Alba Chruthachail ur fiosrachadh phearsanta a cho-roinn le treasphàrtaidhean gus gèilleadh ris an lagh agus/no airson com-pàirtean laghail againn agus/no aig na treas-phàrtaidhean sin.

Far am buin am fhiosrachadh phearsanta a thugadh dha Alba Chruthachail do chàch, thoiribh sùil air a' Bhrath Phrìobhaideachd aig Alba Chruthachail.



Dèanaibh cinnteach an Sanas Prìobhaideachd seo agus am Brath Prìobhaideachd aig Alba Chruthachail a cho-roinn leis an duine/na daoine seo.

Tha còraichean agaibh a thaobh an fhiosrachaidh phearsanta a tha aig Alba Chruthachail mur deidhinn fo lagh dìon dàta. Tha fiosrachadh air mar a chleachdar na còraichean seo nar Poileasaidh Prìobhaideachd no faodar fios a chur dhan [Oifigear Dìon Dàta](#) againn.

Ma tha draghan oirbh a thaobh mar a làimhsich Alba Chruthachail ur fiosrachadh pearsanta, bu chòir dhuibh fios a chur gu Oifigear Dìon an Dàta againn sa chiad dol a-mach, oir chuireamaid fàilte air a' chothrom obair còmhla ribh gus gearan sam bith a rèiteachadh. Ma thathas fhathast mì-riaraichte, faodar gearan a chur gu [Oifis Coimiseanair an Fhiosrachaidh](#).

## Riaghladh Thabhartasan

---

Mar bhuidheann poblach feumaidh Alba Chruthachail cumail ris na riaghailtean smachd taic-airgid ann an Achd Rianachd Taic-airgid 2022 agus Aonta Malairt is Co-obrachaidh eadar Riaghaltas na RA agus an Aonadh Eòrpach. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh aig [The UK subsidy control regime | GOV.UK](#).

Bidh uallach air neach sam bith a gheibh duais tron mhaoin seo aithneachadh gun tig an taic-airgid às an sporan poblach agus innse gu bheil an taic a fhuireadh a rèir nan riaghailtean Smachd air Taic-airgid.

Far am bi e iomchaidh, feumaidh an neach a gheibh aontachadh gum foillsich Alba Chruthachail fiosrachadh mun tabhartas agus gun cùm an neach-gabhail leabhraichean an ìre mhath mionaideach gus nochdadh gu bheileas a rèir riaghailtean Smachd air Taic-airgid agus gun toir iad seachad na leabhraichean sin do Alba Chruthachail ma thig iarrtas reusanta. Mas e is gum measar mar bhriseadh air riaghailtean Smachd air Taic-airgid, is dòcha gum feum an neach-gabhail an tabhartas gu lèir a phàigheadh air ais (agus ionmhas dligheach sam bith eile) sa bhad.



ALBA | CHRUTHACHAIL

Waverley Gate  
2-4 Waterloo Place  
Edinburgh EH1 3EG  
Scotland UK

[www.screen.scot](http://www.screen.scot)  
[screen@creativescotland.com](mailto:screen@creativescotland.com)



Màrt 2024